

APS. I. 85. 181

T'AOIDHE MIOSAIL
V. 1847.

~~APS. 1.80.145~~
APS. 1.85.181

AN

T-AOIDHE MIOSAIL.

V.

AN CEITEIN.

FAILEAS A CHROINN-CHEUSAIDH.

I. EARRANN.

Agus thuirt c' ri uile, Ma's àill le neach air bith teachd a' m'
dhéigh-sa, àiche'adh se e fcin, agus togadh e a chrann-ceusaidh
gach latha, agus leanadh c' mise.—N. Lucas ix. 23.

Clòdh-Bhuailte airson Comunn Fior Theagaisg Criosdail a Ghàidheil.

DUN-EIDEAN:

R. LENDRUM'S A CHUIDEACHID, 29 SRAID FHREDERIC.

1847.

EDINBURGH:

PRINTED BY J. GOLDIE & CO., 377 HIGH STREET.



FAILEAS A CHROINN-CHEUSAIDH.

CAIBDEAL I.

Sean chàirdeas 'us chomunn ni 's àillidh bidh,
Mar a 's mò do neamh a dh-fhàsas 's a chrì:
Ni soillseachd thlà do ghràdh 'us do dh-ùrnuigh,
Eutromachadh air gach crois 'us cùram.

BHA tiugh dhorehadas sgaoilte air aghaidh na talmhainn, agus air dhiomh a bhi a' m' sheasamh air binnein beinne ro àrd, b' i a ghrian a mhàin an t-aon ni a bha ri fhaieinn, a dh'èirich, ma 'r gu 'm biodh, as a chuan chian bho 'n ear, le barraehd glòire. Bha i mar bhall mòr soilleir do bheò-theine; agus gidheadh bha a gath cho tais thlà 's nach do leon i mo shùil a' géur-bheachdaehadh oirre, agus dh-fhairich mi ma 'r gu 'm bi mo mhiann mo shùil a chumail oirre gu bràth. Ann an ùine ro ghoirid, air dh-i dradh air a cheò a chomhdaich an talamh, thòisich e air meanbh-chrith le solus, agus ann a frith-mhionaid sgaoil e air falbh, agus dh-fhosgladh suas sealladh, a bha làn beatha agus maiseachd, da m' shùilibh.

Chunnaie mi ma r gu 'm biodh eilean eruinn fearainn ann a meadhoin a cheò, cho beartach agus cho torach, 's gu faoidte d'a rireamh gàradh a ràdh ris;—bha na plùrain bu ro chùbhraidih a' einntinn fiadhain anns a mhagh, seadh,

agus gach ceum frith-rathaid, mar gu 'm biodh, a dearsadh leis na clachaibh agus na neamhnaidibh as mo luach : os bàrr, bha abhal-gharta, agus doireachan fiunnar do gach seorsa chraobhan làn meas ann, agus tlàth-osag na maidne a' mire 'measg an duillich. Nis air dhomh m' a shùil a chumail air an dearbadan bheag a' leum bho phlùran gu plùran, agus beachdachadh air na h-uain ri mireag a' measg an fheoir mhìn, agus ag èisdeachd ri binn-cheol na 'n èun anns a choill, shaoil mi cinnteach gu 'm bu shealladh sìth a bh' ann, bha e da rireamh cho dear-làn sonais agus beatha. Ains gach eacarna, cho fad 's a ruigeadh mo shealladh dheare mo shùil air sruthan ainleathan do dh-uisge fior-ghlan : cha robh aon chuid aonach coire no glean as an d'èirich e agam r'a fhaicinn, no cuan no lochan gus 'n do ruith e ; ach shileamhnaich e mu 'n cuairt agus mu 'n cuairt 'n a chearcal cruinn gun cheann gun chrioch, 'n a bhile airgid, mar gu 'm biodh, ceithir thimchioll a ghàraidh àilidh so air an robh a ghrian a nis a dearsadh. Bha solus na maidne daonnaan a toirt tuillidh 'us tuillidh maisceachd do na craobhaibh agus na plùrainibh air 'n do thuit e, ach b' iad na gathanman a dh-ath-shoillsich bho 'n t-sruthan ainleathan so a bu ro shoilleire dhiubh uile ; agus chuir so an tuillidh iongatais orm, do blàrig, gu 'n robh na h-uile nithe air an taobh eile do 'n rodha uisce so suaimhnte ann an ceò tiugh agus dorchá, agus ge do bheachdaich mi fada agus gu dùr, cha 'n fhaca mi nithean.

Bha clann òg agus àilidh daonnaan a brùehdadadh a stigh as a cheò thair an t-sruthain so ; cha robh slighe sam bith eile ann gu teicheadh bho dhùthaich an dorchadais gu tir an t-soluis. Air an slighe trid an uisce dh-fhas an aodach cho geal ri sneachda, a' dearrs' le lannair soillse air do 'n cheud deo-gréine tuiteam orra ; thug mi 'n aire cuideachd

gu 'n robh aig gach leanabh, air inntrinn a ghàraidh dha, crois bheag 'n a laimh. Nis, 'nuair a smuaintich mi cia lian muillcin a bha, theagamh, fathast air seachran anns an dùthaich dhoreha agus dhoilleir sin a bha taobl a' mach an t-sruthain uisce, air naeh taomadh a ghrian ghlormhor a blàs sòlasach gu bràth, cha b' urrainn domh gun toirt fainear cia sona bha 'chlann sin a fhuair mar so cho trà greim air an t-sruthan aimhlíathan, agus thuirt mi ann a' m' inn-tinn fèin, Cinnteach 's ann air an son-san a rinneadh an gàradh àluinn so, agus bithidh iad ann gu siorruidh tuillidh.

Air bhi dhomh mar so a' beaehd-smuainteachadh a' m' inntinn, tha 'r leam gu'n d-thainig Gùth ciùin sèimh air bharraibh na h-oiteig ghaoithe a toirt freagairt orm, agus ag ràdh, “ 'S ann da-ríreamh air-son an leithide so do chloinn a tha ghrian a' dealradh cho soilleir, agus air an son-san a sgaoileadh air falbh an ceò, ach cha bhuin a bheag no mhòr do nithe maiseach a ghàraidh dhaibh ; tha iad a' feitheamh ann a so mar luchd-cuairt, gus an euir an Athair fios dhachaidh orra ; agus an uair a thèid iad as a so, cha 'n urrainn daibh ni sam bith a thoirt leo ach na croisean beaga 'chi thu 'n an lamhaibh, agus na trùsgain gheala-sin a ta umpa.” “ Co iad, ma seadh, a ehlann so ? ” dh-fheoraich mi, “ agus ciod is ainn do 'n ghàradh ? agus an uair a bheircar air falbh as iad, ceana thèid iad ? ” Agus fhreagair an Gùth, “ 'S iad na pàisdean so clann Righ ro chumhachdaich, agus is e's ainn do 'n Ghàradh, GARADH FAILEAS A CHROINN-CHEUSAIDH ; ach cha 'n urrainn do neach sam bith innseadh ceana thèid gach aon do 'n chloinn so 'nuair a bheirear air falbh è—bithidh sin a rèir 's mar a sheachnas e cumartan a ghàraidh. Ma chailleas iad, gn mi-ehuramach, a chrois, no ma chuireas iad smal air an trusgain gheala, air ehor 's nach gabh iad deanamh geal

ni 's mò, bheirear faincar iad mar chlann a tha mi-ionchuidh air làthaireachd an Righ mhòir, agus falaichear iad ann an dorehadas iomallach, ni's tighe agus ni's uamhas-aiche n' an dorehadas-sin as an d' thainig iad roimhe. Ach, an uair a dh-fhàgas iad c, ma bhitheas an eroisean fathast n' an làmhaibh, agus ma chumas siad iad fèin cho glan 's gu faod an Righ aideachadh riu mar a chlann fein, an sin nighear an trusgain gus am bi iad ni's gile n' an t-dòg-sheachda agus bheirear iad gu dùthraig is ro shoilleire agus shona, anns am bi iad beo maille r' an Athair gu siorruidh."

Ach cha do thuig mi ciod a bha 'n Guth a' ciallachadh le cunnartaibh a ghàraidh, agus ghabh mi iongatas euid-eachd gu 'm bruidhneadh e mu dhùthraig bu ro shoilleire agus shona; oir b' c mo bheachd fèin nach b' urrainn do dhùthraig sam bith a bhi ni bu ro-mhaisiche n' an tir sin a bha anns an àm a' m' fhàradhare, no grian sam bith ni bu ro mhò gloir na bha 'ga soillseachadh. Agus fhreagair an Gùth a rist mo smuaintean, ag ràdh, "Tha e, gun amharas, fior, nach 'eil e comasach gu 'n toir grian sam bith barrachd ann an glòir air a ghrèin sin a tha 'soillseachadh na tire a ta cuartaichte leis an t-sruthan airgid so; ach mar bhi gu bhcil an solus so daonnan ann, cha bhiodh ni sam bith r'a mhiannachadh anns a ghàradh e fèin. Bha àm ann's an robh gach uile ni, ni h-e 'mhain ann a' so, ach anns an dùthraig gu lèir mu 'n cuairt, gu ro mhaith—cha robh ceò no dorehadas an sin ann; ach a nis thruaill namhaid do 'n Righ na h-uile nithe. Tha an t-àile fein a tha chlann a tarruinn a stigh deas gu salachadh an deiseachan geala, agus tha gach toileachas a ta anns a ghàradh làn do chumna-art falaich agus do dh-fhoill. Ge d' a tha gach ni, a thaobh seallaidh, a' coimhead cho maiseach agus cho neo-

chiontach, gidheadh tha, da-rircamb, puinsean falaich anns gach meas agus flùran ; tha nathraighean scolta 'falach 's an fheur ; tha ribeachan agus ecapan-tuislidh do-àireamh air an suidheachadh anns na slighibh farsuinn-sin a tha eoimhead cho dealrach agus chó mìn ; 'seadh agus anns na doiribh cùbhraidh murtuir tha leomhannan bèuchdaeh a' dol mu 'n cuairt, ullamh gu rèubadh na cloinne sin a thig 'n an caramh, agus an trusganan geala shalaechadh agus a dhath le fuli."

Agus air cluintinn so dhomh ghuil mi gu searbh airson na cloinne bochd, a shaoil leam roimhe sin, a bha cho sona, agus thuirt mi, " Oh chlann mhi-shona, a tha mar so air 'ur suidheachadh ann an gàradh cho làn do chunnart-aibh, agus air 'ur buaireadh le measaibh agus le flùranaibh nach fhaod sibh a thional ! Cinnteach cha 'n 'eil a h-aon agaibh nach deogail faidheoidh puinsean uaigneach air chor-eigin, no nach tuit ann an ribe eagalach, no nach lotar le nathair, no nach rèubar le leomhann ; agus mar so cumar air 'ur n-ais sibh bho dhol a stigh do 'n rioghachd sin is fearr a dh-ulluich 'ur n-Athair air 'ur son." Ach thuirt an Gùth, " Cha 'n 'eil a h-aon do chlann an Righ nach fhaod fuireach ann a sith agus a' sonas anns a ghàradh. Cha 'n e mhàin gu bheil an Athair e fèin do ghnàth a làthair maille riu, ge d' nach urrainn daibhsan fhaicinn, ach thug e do gach aon dhiubh sèun leis am bi iad comasach air fuireach an so ann a sabhaltachd, seadh agus lcis am faod iad measan agus flùraichean a ghàraidh a mhealtainn, gus am faic Easan iomchuidh an gairm d' a ionnsuidh fèin. Tha thu 'faicinn gu bheil a ghrian a dearsadh gu soilleir agus gu glòrmhor 's an aird-an-eas ; tha thu 'faicinn, mar an eadna, gu 'n tugadh do gach aon do 'n chloinn sin crois 'n a laimh :—cho fad, uime sin, 's a

chumar a chrois so air mhodh 's gu 'n tuit gathannan na gréine oirre, agus a thilgeas i 'faileas air na nithe mu 'n cuairt, bitidh iadsan sàbhailt agus sona anns a ghàradh ; oir do gach meas, air a' faicear comharradh na croise, faodar blasad gun eagal, agus faodar gach ceum air a' bheil a faileas a' laidhe a shiubhal gu sàbhailte."

"Ach," dh-fheoraich mi, "nach fàs lamhan na cloinne so sgìth a' giulan na croise, agus nach cinn an sùilean doilleir le dùr-choimhead air na faileasaibh?" Agus fhreagair an Gùth, "gun teagamh dh-fhàsadhl an lamhan ann an ùine ghoirid sgìth, agus an sùilean fann, n'am b' e an sealladh no a' neart fein a mhàin a bhiodh aca; ach tha iad so am measg àireamh nan tiolaicean luachmhòr sin, a fhuair gach leanabh, an àm tighinn thair' an t-sruthain, bho Athair. Tha esan daonnan ag laimh a' chumail fair' orra; agus, cho fad 's a leanas iadsan air a bhi da-rìreamh èudar mu bhi air an stiuradh leis a chrois, cha leig e aon chuid le 'n sealladh "no le 'n neart fail-neachadh. Ni h-eadh, a thuilleadh air a' so, shuidhich e meadhonan, trid a' faod iad fein ath-nuadhachadh nan tiolaicean sin, gach là agus gach uair, iarraidh."

An uair a chuala mi so sguir mi do ghal, agus smuaintich mi cia mòr maiteas agus caoimhneas an Athar sin, a ghabh a leithid do chùram do gach aon do 'n chloinn bhig so. Bho 'n àm so 'mach, sguir mi a chumail mo shùil air na craobhaibh agus air na flùraibh, seadh agus air a chearcal shoilleir uisge a ruith gun stad ceithir thimchioll a ghàraidh; oir lion staid cloinne an Righ m' inntinn, agus ghabh mi a' m' bheachd gu 'm biodh e ro thaitneach a' faicinn a' tilgeadh faileasan bho a' meanbh chroisibh, agus mar so, a' caitheamh am beatha gun dochunn ann an gàradh Faileis a Chroinn-Chèusaidh.

'Nis bho nach robh mùthadh sam bith eadar na croisibh iad fèin, bha fiuthair agam nach mò a bhiodh mùthadh eadar na faileasaibh, agus gu 'n deanadh gach aon do 'n chloinn an t-aon uise dhiubh. Ach ann an ùine ro ghoirid thug mi fainear ge d' a bha na croisean gu leir co-ionann, gidheadh gu 'n robh moran mùthaidh eadar na failleasaibh a thilg iad: Bha euid diubh a bha ro dhiorcha agus dhubharach, agus euid, air an laimh eile, àillidh agus tais, bha iad ni bu mhaisiche ri coimhead orra n' a solus mu 'n cuairt; thuit euid suidhichte agus diongmhalt, euid eile fann agus mi-steidhileil; thuit enid 'n am baidnibh, agus euid eile leo fèin. Bhà mar an ceudna mùthadh mor anns an dòigh air 'n do chum a chlann greim air an croisean; euid diubh a mhàin a thog gu h-àrd iad, agus lean iad gu sèimh a' faileas c'ait air bith 'n do thuit e; euid 'g an toinneamh 's 'g an tionndadh a null 's a nall, mar gu 'm biodh e ro dhuilich a thoirt orra faileas a thilgeadh; agus, th' air leam gu 'n robh euid eile, 'nuair bu trnime 'us bu diongmhalt' a faileas, nach b' urrainn fhaicinn. Os barr, bha moran dhiubh a dh-fhalaich an croisean, agus a chuir an comhairle riu 'mhàin an tràs 'us a risd, agus bha fios agam gu 'n robh a chlann bhochd so ann an gnàth chunnard; bha euid diubh a risd a thilg uapa gu lèir iad, agus bha eagal orm gu 'm biodh iad so gu h-iomlan eallte. Faidheoidh dh-fhàs mo shùil sgìth le luaineis an t-seallaidh a bha m' làthair, agus chuir mi romham a suidheachadh air aon àraidh air chor-eigin do 'n chloinn, agus a leanailt 'na ghluasad anns a ghàradh. Bha aon chaileag bheag ann a meadhoin grunnain cloinne, le iomhaigh cho fhior-ghlan agus àluinn, 's nach luaithe 'tharruinn i mo bheachd oirre, na chomharraich mi 'mach gu h-ealamh i 'measg chàich. Bha 'n t-ainm "Neo-chiontas" sgriobhta air

clar a h-aodainn, agus comharradh a Chroinn-Cheusaidh air a malaidh; agus bho ro-ghilead a trusgain smuaintieh mi naeh d' rinn i aeh direach tighinn a stigh do 'n ghàradh. Chum mi mo shùil oirre a' mireag maille r' a eompanaich air a mhagh, agus b' aoibhneach leam a faicinn a secasamh maille riusan a bhlasad do na measaibh agus a thional na flùraiehean air an t-slighe; oir thug mi fainear nach 'do thagh i na cèumannan bu mhìne, no na measan a b' abaiche, no na flùraichean bu bhòidliche, aeh a mhàin iad sin air an robh failcas a croise r'a fhaicinn. - Ni li-cadh, cha tugadh i sùil air aon chuid meas no flùran ach iad-san air 'n do thilg a chrois a faileas; agus cha do chuir so ioghnadh idir orm, oir mar as mò a bheachdaich mi, 's ann bu taisc 's a b' àillidh an dealbh a lorgaieh i. Bha 'n leanabh daonnan sona; b' i a erois bhag agus na failceasan a dheilbh i an t-iomlan 'ga toil-inntinn; e'ait air bith an tuiteadh iad, bha ise einnteach gu 'n leanadh i iad. Chunnaie mi, cuideachd, gu 'n do theagaisg i d' a càirdean na failceasan iarraigdh mar an ecudna, agus an uair a chìte comharradh a croisc-se agus an croiscan-san comhladh 'n an laidhe air an aon ehusbair, bha 'n sin a h-aoibhneas barraeh.

Agus a' beachdachadh gu gèur dhomh, féueh! bha calman, geal mar shineachda, 'na laidhe air a erois, agus thòisich cruth an leinibh bhig air leaghadh air falbh as mo shealladh; bha a dreach eho fior-ghlan 's a bha c roimhe, aeh cha robh e uile cho soilleir, agus dh-aithnich mi gu 'n robh Neo-chiontas òg, le a trusgan fathast geal gun smal, a fàgail a ghàraidh. Ann an ùine ghoirid bha 'companaich gu lèir a' gal, agus dh-fhalbh an leanabh. Cha do ghuil misc, air thuig mi gu 'n tugadh air falbh i do 'n dùthaih sin bu ro shoilleire agus a b' fhearr mu 'n do labhair an

Gùth rium; ach fad an dèigh dhuinn sguir 'ga faicinn, bha mi 'm beachd gu 'n robh i fathast a làthair 's a ghàradh, agus gu 'n robh i mar a b' àbhaist dh-i, a' cumail an aird' a meanbh chrois ann a solus na grèine; oir lean a faileas air cluich mu 'n cuairt do na h-ionadaibh-sin 's am bu taitniche leatha 'bhi; reachadh agam air a lorgachadh cha 'n ann a mhàin air aodann a càirdcan, ach air gach ùrbhlàth a b' àbhaist dh-i 'spioladh, seadh agus air gach feornain air 'n do chéum a cas. Thug mi 'n aire, cuideachd, gu 'n d-fhàs na dealbhan sin ni bu shoilleire, agus so-fhaicinn leis na déuraibh a thuit orra, gu 'n robh faileasan bho chroisibh eile daonnan a fuireach 'n an grunnan mu 'n cuairt daibh, agus smuaintich mi, ma bha 'n leanabh àluinn sin da-rircamh a coimhead air a ghàradh, cia sona bhitheadh i ag faicinn dh-i gu 'n robh croisean na cloinne sin a bha 'gal air a son agus a crois fein, mar so air an coimeasgachadh.

COMH-SHEANACHAS AIR CAIBDEAL I.

CEIST. Ciod a ta air a chiallachadh leis a ghrèin shoilleir agus ghlòrmhor a dh-fhoillsicheadh 's an aird-an-ear?

FREAGAIRT. Iosa Criod ar Tighearna.

C. Ro cheart; tha 'm fàidhe Malachi a' labhairt uime mar "Ghrian na Fireantachd." Agus is e 'n gàradh maiseach air 'n do thuit a gathannan an rioghachd sin a shuidhich ar Tighearn' air an talamh: nis, c'arson a tha 'n rioghachd sin air a nochdadh mar air a cuartachadh le sruthan, soilleir mar airgead?

F. Do bhrigh 's gur h-ann trid uisg' a bhaistidh a theid sinn a stigh innte.

C. A bheil euimhn' agad eia mar a bha so air a shamhlachadh am mae'h ann an eachdraidh chloinn Israel?

F. Tha: mhiniex thu dhomh, ann a Seirbheis a Bhaistidh, gur h-ann leis an t-slighe tre 'n Fhairge Ruaidh. 'S iad na briathran ann a sin, a rèir mo bheachd, "A threorach elann Israel gu sàbhailt' tre 'n Fhairge Ruaidh, a' ciallachadh leis a sin do bhaistidh naoimh."

C. 'S urrainn duit, uime sin, innse' dhomh èò 'n taobh do 'n t-sruthan air an d' rugadh tu.

F. Air taobh an dorchadais; oir rugadh mi ann am peacadh, agus a' m leanabh feirge.

C. Agus aig do bhaisteadh rinneadh glan blio pheacadh thlu, agus chaidh do ghiulan, mar gu 'm biodh, trid an t-sruthain shoilleir ann a d' aodach fiorghlan geal, agus do mheanbh chrois ann a d' laimh. Cho luath 's a chaidh tu mar so a stigh do 'n ghàradh, rinneadh a' d' bhall do Chriosd thu. Cò, an sin, a thainig gu bhi 'na Athair dhut, agus eiod an oighreachd a ghealladh dhut?

F. B' i neamh m' oighreachd, agus thainig Dia gu bhi na Athair dhomh; oir aig a cheart àm air an d' rinneadh mi a' m' bhall do Chriosd, thainig mi gu bhi a' m'leanabh do Dhia, agus a' m' oighre air rioghachd nèimhe.

C. C'arson a ta e air a ràdh nach leis a chloinn so iad fèin aon chuid an sealladh no a' neart?

F. Do bhrigh 's nach urrainn duinn ni sam bith a dheanamh ach a mhàin tre bhuidhibh a Spioraid Naoimh.

C. C'arson a ta e air a ràdh gu 'n d' fluair a chlann na tiодhlaicean prìseil so aig am dol thair an t-sruthain?

F. A chionn gur h-ann aig ar baisteadh a tha sinn a faotainn tiодhlae a Spioraid Naoimh.

C. Ciod, ma ta, a tha air a chiallachadh le gnà ath-bheothachaidh a' scallaidh agus a' ncirt ?

F. A bhi gach là air an ath-nuadhachadh le Spiorad Naomh Dhè.

C. Agus eia mar a dh-fhèumas sinn a lcithid so do dh-ath-nuadhachadh iarraidh ?

F. Le ùrnuigh.

C. 'S ann ; agus le Comanachadh Naomh, agus leis gach meadhon eile gràis a dh-òrduich Dia gu ath-bheothachadh agus ncartachadh a Chriosduidh 'n a għluasad lathail. Ciod a ta air a chiallachadh leis a chloinn a bhi air a' suidheachadh ann an għaradha, chum an uidheamachadh air son lathaиреаchd an Athar ?

F. Gu bheil an Criosduidh ri oidheirp a thoirt air a bheatha 'chaithcamh anns an t-saoghal so lāthair, air chor 's gu faighear iomchuidh e 'n a dhèigh so air a bhi maille ri Dia gu bràth.

C. Cia mar a bha chlann ri iad fèin ulluehadh ?

F. Bha iad ri 'n aodach a chumail geal gun smal, agus gréim daingean a dheanamh air an croiscan.

C. Air a cheart doigh cheudna fèumaidh gach aon againne e fein uidheamachadh air son neamh, le fuireach bho pheacadh agus bho neo-ghloine, agus greim daingean a dheanamh air aidmheil Chriosd. An urrainn dût innse' dhomh ciod a th' air a ràdh mu chomharradh a chroinn-chèusaiddh ann a Scirbheis a Bhaistidh ?

F. Mar dhcarbhadh nach bi nàir' oirnn 'na dhèigh so creideamh Chriosd air a cheusadh aideachadh, agus cogadh gu duneil fo 'bhrataich an aghaidh peacaidh, an t-saogħail, agus an diabhoil, agus marsainn 'n ar saighdeirean agus 'n ar scirbheisich dhileas do Chriosd gu erich ar beatha.

C. Co leis a tha peacadh, a' saoghal, agus an diabhol air a' nochdadadh anns a chosamhlachd-so ?

F. 'S iad puinseanan, ribeathan, nathraiehan, agus cunnardan cil' a ghàraidh.

C. Ro cheart. Ach an àite cogadh 'n an aghaidh, tha sinn ann a' so, fo ehaochla samhlaidh, air ar nochdadadh mar a' gluasad gu sàbhailt' 'n am msasg tre mheadhonan faileis na eroise. Ciod a chrioch gus an tig a chlann mhi-shona sin a tha cuir na didean so ann a neo-brigh ?

F. An uair a dh-fhàgas iad an gàradh, eha 'n fhaic iad gu siorruidh tuillidh a Ghrian ghlòr-mhor, aeh tilgear a' mach do dhorchadas iomallach iad, far am bi gal agus giosgan fhiacall.

C. 'S amhul ann a saoghal eile 'bhios peanas luehd-leanmhuinn mhi-sheasrach Chriosd. Ach a nis innis domh cionnas a thaehair e, am feadh a bha chlann anns a ghàradh, gu 'n robh urrad do mhuthadh eadar na faileasaibh a thilg an caochla croisean ?

F. An ann a chionn gu bheil cuid a toirt fainear ereid-eamh mar ni soilleir agus aoibhinn, 'nuair a tha cuid cil' a' coimhead ris mar ni doilleir agus trom-inntinneach ?

C. 'S ann gun amharas. Chunnaic Dia iomehuidh gu sgaoileadh an ereideamh Criosdail caochla dreaeh, mar gu 'm bitheadh, air caochla inntinnibh, agus gu 'm biodh an cùrsa a ta eutrom agus nadurra do chuid, cruaidh agus doirbh le euid eile. Tha aon aobhar àraidh air a mhùthadh so a mhìniehear anns an ath-earrainn do 'n ehosamhlachd so. Chi thu gu 'n robh e ro ehruaidh agus dhuilich do 'n ehloinn sin, a rinn dearmad car seal air an comhairle ehir r' an croisibh, gluasad 'n a dhèigh sin 'n am faileas-aibh ; oir 'ge d' a tha e air innse' dhuinn gu bheil sligh-

eannan glioeais, anna fèin, 'n an sligheannan subhaehais agus gur sìth a cùemannan uile, tha pilleadh d' an ionnsaidh an dèigh dol air seachran uapa daonnan 'n a slighe dhoàrbh agus ghaibh.

F. Fhuair Neo-ehiontas bheag iad làn sìth agus taitneahd, do bhrigh 's naeh do thréig i uair air bith iad.

C. Rinn i sin rè na h-uine ghoirid a dh-fhuirieh i anns a ghàradh. Tha thu' tuigsinn eiod a ta air a chiallachadh le i a leaghadh air falbh as a ghàradh ?

F. Thugadh do neamh i.

C. Agus leis an fhaileas a bha fathast, mar gu 'm biodh, a tuiteam bho 'erois ?

F. An euimhneaahan a dh-fhàg i air an talamh.

Ro eheart. Tha sinn a toirt fainear, mar gu'm biodh, le mothaeadh diamhair gach ni a bhuineas do'n chloinn mhaoth-sin a ehaith am beatha 's a fhuair bàs anns an Tighearna. Faodar a ràdh gu bheil faileas an eroisan da-rireamh a' laidhe air gaeh toileaehadh agus guaineis neo-ehiontaeh 's an robh iad a gabhail tlaehd ; agus eruinn-ichidh faileasan bho ehroisibh eile m' a timehioll, oir eha 'n 'eil ni sam bith is coltaiche gu rùinntean math agus naomh altrum na euimhneaahan air na eàirdean a dh-fhag sinn. " Is e bhi maille riusan a bhi maille ri Criod." Aign'ean agus bàigh a ta suidhiehte orra-san rè am beatha, the Dia a' faieinn iomehuidh gu trie, aig am bàs, a tharuinn d' a ionnsuidh fèin.

CINN-TEAGAISG BHIO 'N SCRIOBTUR NAOMH,
a tha' mineaehadh, a' soilleireachadh, agus a' dearbhadh

gach carrainn do 'n Chaibdeal so, agus a tha ri 'n leughadh
gu mion, agus le aire,

Mal. iv. 2. 1 Eoin ii. 8. Eoin i. 9. 1 Thess. v. 5. 1 Pheadair
ii. 9. Eoin iii. 5. 1 Pheadair iii. 21. 1 Cor. x. 13. Salm. xxviii. 8.
2 Cor. xii. 9. 1 Cor. xiii. 10. Salm. xxxix. 12. Eabh. xi. 14.
Eabh. xi. 16. Mata xxv. 34. Mata viii. 12. Gnàth-Fhocal iii. 5, 6.
Gnàth-Fhocal iii. 17. Salm. xxiii. 4 Taisb. xiv. 13. 1 Tessa.
iv. 13.

CAIBDEAL II.

An comunn gràidh 'us càirdis luchd mo ghaoil,
 'Us ùr-ròis mhaoth na beatha 'fosgladh caoin ;
 A chaoidh' na lasadh m' aignc 'n taobh stigh dhion
 Mar faic mi Thusa 'soillseachadh gach ni.

'NUAIR a chaidh Neo-chiontas mar so a ghairm air falbh
 cho trà as a ghàradh, thágh mi fear do 'n ghrunnan bheag
 luchd-bròin a dh-fhag i, air 'n do chuir mi romham a nis
 beachd a chumail. Bha e 'na ghiullan ro àluinn, agus b'
 è aon do shàr chàirdean broilich Neo-chiontais, agus bha e,
 'nuair a thug mi air tùs an aire dha, a' gal gu goirt air son
 a chall. Ach an ùine ghoirid thiormaich e suas a dheoir,
 agus air dhomh coimhead air clar geal flathail aodainn, bha
 'n t-ainm "Aighear" sgriobhta air. Ach ge d' a sguir e
 do ghal air-son a bhana-chompanaich, bha mi faicinn nach
 do dhi-chuimhnich e i, oir lean e air cluich anns a cheart
 mhagh 's an d-fhag Neo-chiontas e, agus thug a ghaol d' a
 bhan-chompanaich a dh-fhag e air na flùrain sin daonnan
 a thaghadh air an robh failcas a eroise-se fathast a laidhe.

Fad 's a dh-fhuirgheadh an giullan ann a sin, bha
 fios agam gu 'm biodh e sabhailt bho chunnard ; aeh
 'na dhéigh so, 'nuair a thòisich e air fàrsanaich feadh
 a ghàraidh, ghabh mi eagal gu 'n tigeadh tubaist air chor-
 eigin 'na charamh ; oir, ge d' a rinn e greim daingean air
 a chrois 'na laimh, gidheadh bha 'chèum cho brisg agus
 uallach 's gu 'n robh eagal orm gu faoidte 'bhuaireadh gu

cèum toisich a ghabhail air a failcas. Ach thòisich mi 'nis air dochas altrum gu 'n robh m' eagal gun stéidh ; oir, ge d' a thionail e do na flùrain a bha ri taobh na slighe ni bu ro phailte na rinn Neo-chiontas, thug mi faincar nach do bhean e dhaibh gus 'n do luidh faileas a chroise 'n toisceach orra ; agus gin sam bith air nach do thuit a failcas chaith e seachad orra. Ach ann an ùine ghoirid thug mi 'n aire gu 'n do bheachdaich a shùil air bād ro mhaiseach do ròsaibh agus shail-chuachaibh a bha 'cinn-tinn air mullach torrain, aig a bhùn an robh e dol seachad ; chunnaic mi e 'togail an aird' a chroise car frith-mhionaid eadar iad 's a ghrian, agus air dha plathadh d' a faileas fhaicinn 'n a laidhe orra ghàir e le aoibhneas ; lèum e gu sunndach air adhart, agus, a' cuir roimhe blàth-fhleasg àillidh a thional, thòisich e gu grad air dìreadh an tomain. Nis bha mi duilich so fhaicinn, air blia eagal orm nach tug am balach beag an aire gu 'n ròbh moran do na ròsaibh-sin do nach do bhean a failcas, agus bha eagal orm gu 'm beanadh e 'na dheothas do dh-fhear dhiubh so, agus, leis a sin a dheanamh, cha robh fhios agam ciod an cunnard 's a faodadh e ruith. Cha robh m' eagal gun aobhar. Shìn an leanabh, 's an anail 's an tÙchd aige', streap ris an torran, a' mach a lamh agus spiol e an ròs bu mhaisiche 'chunnaic e ; b' e so aon dhiubh-san air nach do thuit failcas, agus 's gann a bha e frith-mhionaid 'na laimh aige 'nuair a leum connspeach, a bha' falach am measg an duillich, a' mach agus chuir i an gath 'na chorraig ; sgrèach an giullan bochd am machi le cràdh, oir cha d-fhairich e riamh roimhe ni sam bith coltach ri gath no coinnspeich. Thilg e le cabhaig a flùran air an 'lär ; ach thug mi 'n aire gu 'n do shèid a ghaoth aon duilleag air a h-ais, agus laidh i air aodach ; chunnaic Aighear so mar an ceudna,

agus shèid e air falbh i; ach ge d' a thuit i dh-fhàg i athailt air an aodach sin a bha roimhe cho geal. Cha robh ann ach ball ro bheag, agus, air 'ga dheoir tuit-eam air, dh-fhàs e cho eutrom 's gur gann a b' urrainnear fhaicinn idir; gidheadh ann a sin bha 'n athailt. Ach cha b' fhad' a mhair an cràdh a dh-èirich bho lot a ghath, ann an ùine ghoirid chaidh Aighear beag air adhart air a shlighe cho sunndach 's ge d' nach èireadh tubaist air bith dhà.

Beagan 'na dhèigh so, air dha bhi siubhal air cùum min rèidh tre lòn, thug fear d' a chèud chompanaich an aire dha, agus ruith e 'na choinneamh: chunnaic mi gu 'n d' rug e gu eridheil air laimh air Aighear, agus dh-aontaich e ri companas-cluich maille ris car seal. Ach bha mi duilich gu 'n géileadh caraid Neo-chiontais gu comh-chuideachda chumail ris an leanabh so, oir bha iomadh athailt air a thrusgan geal, agus cha robh crois sam bith 'na laimh, agus bha 'n t-ainm "Reasgach" sgriobhta air a mhalaiddh. Th' air leam, cuideachd, gu 'n do sheall Aighear le oillt 'nuair a choinnich e 'n toiscach e, agus chuala' mi e a feoraih air son a chroise; ach rinn Reasgach gàire, agus thuirt e ris gu 'n robh c'cho draghail a cumail daonna'n laimh, 's gu 'n robh e nis 'ga giulan 'n a aodach. Gidheadh, thubhairt e nach d' rinn e dearmad uair sam bith air a tarruing a' mach an àm teinn; ach air faiche mhìn agus céum réidh mar a bha sin nach robh féum sam bith aig' air a faileas.

Nis, a réir mo bharail-se, bha 'staid 's an robh aodach, stialach, spotach le salchar, 'na dhearbhadh diongmhalt nach robh an fhaiche bu mhìne no an céum bu réidhe sabhailt, as eugmhais na croise; ach a rèir coltais cha tug Aighear an aire dhaibh, air bha e mar gu 'm biodh inntinn aig fois 'nuair a thuig e nach do thilg Reasgach air falbh

a chrois; agus dh-imich an dà ghiullan air aui adhart cuideachda. Gidheadh chum Aighear beag a chrois fein daonnan 'na laimh, agus thuit a faileas do ghnàth gu soilleir agus diongmhalt air a chéum réidlì air 'n do shiubhail e; an uair a bha Reasgach a coiseachd gu neochuramach air an fhàl bhog r' a thaobh, agus a' magadh air faicill a chompanaich. Ach thug mi gun dàil fainear gu 'n robh Aighear a fas sgìth do 'n rathad aimhlean, agus do chuir a chas-chéum dirreach ann an athailt na croise, agus uidh air n-uidh gu 'n deachaidh e leth-taobh; chaidh e 'n toiseach teann ri bile 'n fheoir, 'na dhèigh sin chéum e air uachdar, agus choisich e ni bu tinne air taobh a chompanaich. Nis cha deachaidh iad fad air an adhart mar so an uair, aig ionad 's an robh a foid a coimhead ro mhaiseach bog, gorm, a chaidh iad fodha ann am bogalaich, agus ann an elisgeadh dh-èirich uisge ruaimleach uaine an airde thair caol an eàs. Cho luath 's a dh-fhairich Aighear bochd so léum e air ais chum an rathaid, oir cha robh e fada bh-uaithe; ach mu 'm b' urrainn e a ruigsinn bha aodach cheana air a spliutadh le poll, agus bha stiall throm uaine mu 'n euairt do dh-oir a thrusgain. Chaidh Reasgach ni b' fhaide fodha 's an t-sùil-chruthaich na chaidh Aighear, do blrighe 's gu 'n robl e nì b' fhaide bho 'n chéum rathaid; ach air dha faighinn aisde chuir e air faoin eachd a dhùrid-fhortan, agus 's gann a sheas e a chrathadh an t-salachair bharr aodaich; ni mo a chuir so a bheag do dh-iongatas orm, oir bha e cho salach roimhe, 's gur gann a chithinn spliutadh na lèathaich uaine so idir air; ach thug so orm tuillidh truais a bhi agam do Aighear, 's e toirt sùil mhuladach air aodach fein; agus smuaintich mi gu 'm b' amaideach a ni e do leanabh, fathast sgeadaichte ann an éideadh geal, a bhi

eumail cuideachda ri fear a bha aodach cho mor air a thruailleadh.

Ach, a thaobh coltais, cha do smuaintich Aighear air a so, oir lean e fathast ri Reasgach ; ni h-eadh, ghabh mi a' m' bheachd gu'n d-fhas e, uidh air n-uidh, mi-thoilichte le gilead aodaich, oir thug eagal a shalachaidh air gu tric a cheumannan a thaghadh, 'nuair a bha chompanach a' dol gun umhaill air adhart tre 'n pholl. Mo thruaighe ! ma bha chùis mar so, cha robh, ro fhada, aobhar aig an leanabh amaideach a bhi mi-thoilichte ; oir thug Reasgach an aire do dhearbadan-dé ro bhòidheach goirid uapa, agus ann am prioba leum e air falbh as a dhéigh, a' glaodraich ri 'chompanach a leantuinn ; agus chunnaic mi, air son na ceud uair, gu 'n do lean Aighear 's an tòir, gun a chomhairle 'chuir r' a chrois. Nis cha 'n 'eil teagamh agam nach do smuaintich na giullain nach biodh fad aca ri ruith gus a faigheadh iad greim air,—oir b' e so mo bheachd fein an toiscach cuideachd; air dhaibh dlùthachadh air, dh-fhosgail an dearbadan a sgiathan soilleir ris a ghréin, agus leum e air falbh, a' laidhe 'n trás air aon bhláth agus a rist air bláth cile, agus daonnan, 'nuair a bha chlann deas gu greim a dheanamh air, leum e air falbh eadar an lamhan. B' fhad agus bu sgùth an réis a thug e iad m' a dheireadh. An toiscach chaidh iad gu sunntach tre 'n fheur ghorm ; ach na dhéigh sin, air dhaibh einntinn ni bu ro dhéine 's an ruaig, agus an dearbadan soilleir 'gam buaireadh air an adhart, streap iad an airde ri ereagaibh casa, agus sgriobain iad ri bruachaibh ghlacan gu h-iosal ; ruith iad tre uillt, léum iad thair staingibh, agus bhrist iad callaidean air an slighe, agus gidheadh cha robh am biasd dearbadain a bheag na mhòr ni bu tinne orra na bha e roimhe. Agus thubhairt mi,



“ Oh na feuchadh Aighear an laidheadh faileas a chroise air a sgiathaibh dearsach, mun do thòisich e mar so gun smuainteachadh air a leantuinn ! ” oir ’s ioma’ spolt salachair a thuit air ’n a dhian-ruaig, agus bha ’lamhan beaga air an reubadh le droighinn cho mór ’s gu ’n do spairt e aodach an caochla àite le fuil.

Faidhcoidh thainig iad gu còmhnard mìn-fheurach, aig ionall a bha doire cùbhraidd miortail. Léum an dearbadan-dé gu h-àrd ’s an athar a’ deanamh air an doire so, oir cha robh aon chuid preas no flùran anns a chomhnard fein. ’Nis thug mi ’n aire gu ’n d-fhag Aighear Reasgach as a dhéigh ; agus air dha bhi ruith gu neo-fhaicilleach, a’ coimhead an àirde ris an dearbadan, bhual a chas ri cloich a bha ’falach ’s an fheur fhada, agus thuit e ’na splaid air an lèr. Cha mhor nach deachaидh am paisde’ neo-churamach ’na phaiseanadh leis an leagadh ; agus an uair a ghabh e ’chasan chriothnaich e gu ro mhor, agus bha athailt an fheoir bhuig ghuirm gu domhain, trom air aodach ; gidhcadh bha aoibhneas orm fhaicinn gu ’n tug an tubaist so air a mhéanbh chrois, nach mor nach do dhi-chuimhnich e roimhe, a ghlacadh ni bu ro ghramaile ’na laimh. Direach air ’ga chompanach tighinn ’suas ris, chum e ’n aird i, ann an trom smuaintibh, ris a ghréin ; agus air dha fhaicinn nach robh a faileas a laidhe air a choill, ach air ceum cruaidh mi-shuilbhír, a’ treorachadh air muthadh slighe, thill e air ball bho ’n dearbadan bhoidheach a lean e cho fada, agus cho dian.

A thaobl coltais chuir tuisleadh a chompanaich rud-eigin cagail air Reasgach mar an ceudna, oir thug esan cuideachd a’ mach a chrois fein ; agus air ’ga failcas dorcha tuitcam air a cheart cheum chruaidh mhi-shuilbhír cheudna, thionndaidh e cuideachd bho thòrachd an dearbadain, agus

lean e Aighear. 'S amhuil a dh-fhalbh an da ghiullan gu dubhach agus gu tosdach, cuideachda ; ach bha ceum beag crùbaich ann an Aighear le 'thuisleadh. 'S mis a bha aoibhneach nach robh iad cho dàna 's gu 'n deachaidh iad a stigh do 'n choillidh ; oir, ged nach fhac iadsan iad, thug mis an aire do shùilean dearsach nathrach a' baoisgeadh a' mach fo bhun a phris mhiortuir air an robh an dearbadan-dé 'na laidhe, a feithcamh gu h-iomagaineach ris a chloinn a thighinn am fagus, agus cha 'n 'eil teagamh agam nach robh puinnsean 'n a gath.

Nis, thubhairt mi, gu 'n robh an t-slighe air 'n do phill Aighear agus Reasgach bho 'n doire mhiortuir cruaidh agus mi-shuilbhir ; oir rinn mi mach a nis, ge d a bha na h-uile ni a' coimhead, fada bh-uapa, tlà agus maiseach, cha 'n e mhàin gu 'n robh cuid do shraidibh a ghàraidh mealltach agus cunnartach, ach gu 'n robh cuid eile dhiubh cruaidh agus mi-shuilbhir. Thug e iad a' measg ioma duileag agus flùran seargta ; agus bha gach duileag agus flùran air uisgeachadh le déuraibh Aighir, oir bha 'shùilean daonnan suidhichte iosal air an talamh ; bha e mar neach aig nach biodh umhaill cean a bha e 'dol, agus a b' e aon chùram a mhain gach céum a thomhas air chor gu 'n tuitcadh e direach air an fhaileas a bha roimhe. Sheall Reasgach mar an ceudna, car tamull, ris an talamh, agus lean e gu fòil ceum air cheum a chompanach : ach, 'nuair a chaidh iad air an adhart car tacain gu sabbhailt, bho neart cleachdaidh leig e dheth a chrois a ghiulan 'na laimh, agus dh-fhalaich e i mar a rinn e roimhe ; agus ann an uine ghoirid dh-fhas e sgìth do chruas na slighe, agus bha fadal air gu tionndadh air falbh gu èum taitneach air chor-eigin air an laimh dheis no air an laimh chlì. Gidheadh bha e mar gu 'm biodh seors' eagail air fàrsan leis féin ; oir chuala mi e 'breagadh

Aighir e 'sgür a chumail a shùil cho dian air na dealbhaibh doilleir sin, agus tighinn maille ris-san gu cluich air chor-eigin, ag ràdh, leis a so a dheanamh gur h-ann bu luaithc 'reachadh pùthar an tuislidh as aire. Ach chaidh Aighear direach air adhart mar a bha e, 's a shuilcan suidhichte air an talamh, gun fheirt a thoirt air. Bha chrì tuille' 's làn agus trom 's an àm sin gu leigeadh leis smuainteachadh idir air cluich ; gidheadh, tha eagal orm nach b' urrainn da ro fhada seasamh an aghaidh brìodail Reasgaich, martionndadh e 'mach nach do lean na giullain a' sráid ro fhada comhladh.

Thug căr calamh anns an rathad dhoirbh so gu fear do na h-àileanabh boidheach sin anns am b' ionmhuinn le Aighear ann an laithibh a shonais sràidimeachd maille ri Neo-chiontas ; agus luidh failreas a chroise gu trom air lìlìdh sheargta, a chuir agus a dh-uisgich lamh a bhana-chiomaich ghaoil roimhe so. Ann a so sheas an gille beag bochd, agus reachd e mar gu 'm biodh a chride òg gu bristeadh. Bha trom blàr òrn fein mar an eeudna ; oir shcall mi air m' ais ann am inntinn ris na h-ionadaibh taitneach sin 's am b' àbhaist do 'n dithis chloinne 'bhi cluich comhladh anns a ghàradh, 'nuair a theagaisg Neo-chiontas do dh-Aighear aoibhneas a dhéanamh 's a chrois. Chuimhnich mi cho sona 's a sheall iad le chéile 'n an sgeadach soilleir geal, agus cho àluinn 's a bha na ceud fhailcasan naomh a thuit mu 'n cuairt daibh ; agus, bhos cionn na h-uile ni, chuimhnich mi air an uair sin air 'n do luidh an calman geal cho ciuin agus siòchail air a crois-sc a thugadh air falbh, an àm dh-i bhi caitheamh air falbh as an t-sealladh : agus an sin, air dhomh bhi beachdachadh air an fhicar a chaidh fhagail, agus fhaicinn mar a bha aodach uaithe sin air a steineadh le ioma spot dorch' agus

salach, thainig na smuaintean searbh so am inntinn, ma bha bhana-charaid a sealltuinn air a ghàradh, an aidicheadh i ri aithneachadh a nis, agus na 'm biodh Aighear air a ghairm air falbh, an gabhla stigh e do 'n dùthaich sin is fearr 'g an deachaidh Neo-chiontas.

B' amhuil, a reir coltais, smuaintean Aighir fein mar an ceudna ; oir thuit e sios air a ghlùinibh laimh ris an lilidh gus 'n do thrcoraiich a faileas e, agus, air do na deoir throma bhi ruith gu dlù le 'ghruaidhibh, agus a' tuiteam air sal aodaich, chuala mi e 'g ràdh le guth ciùin, " Oh, nigh mi le hissop, agus bithidh mi glan ; ionnlaid mi agus bithidh mi ni 's gile na sneachda !" An sin bha fhios agam gu 'n robh e labhairt ris an Athair chaoimhncil a bha ghnà làthair am measg a chloinne anns a ghàradh ; agus chuimh-nich mi mar a dh-innis an Güt hdomh gu 'n robh meadh-onan air a suidheachadh leis am faodadh sealladh agus neart na cloinne 'bhi air an ath-nuadhachadh. Air ball chunnaic mi e cromadh sios agus a coimhead gu mion air an lilidh sheargta ; agus air do 'n deùr throm tuiteam oirre, th' air leam gu 'n do blcothaich a shùil, agus gu 'n robh boillsgeadh dochais agus aoibhncis 'na ghnùis, mar gu faiceadh e rìst air na duilleagaibh scargta sgàil ionmhuinn do chrois Neo-chiontais. An sin bha mis mar an ceudna, ann a meadhoin mo bhròin, subhach ; agus dh-fhairich mi gu 'n robh Aighear da-ríreamh ni bu shona, a' gal bhos eionn lilidh a bhana-charaid, na bha e am feadh, ann an di-smaointeachaidh a chridhe, a bha e ruith an déigh an dearbadain-dé ioma-dathach thair na faiche. Os barr, ag cumail mo shùil air, chunnaic mi e' pògadh a mheanbh chroise agus 'ga fàsgadh r' a chride ; agus cha b' iongatach leam idir e dheanamh sin, oir bha fios agam gu 'm bi chrois bheag so, agus ise na h-aonar, a shaor e bho 'uile

chunnardaibh ; oir, as a h-eugmhais, bhiodh e gun teagamh air a lot leis a' nathair anns an doire mhiortuir ; agus mar céumadh e 'n a faileas air an rathad chruaidh mhi-shuilbhír, cha bhiodh e air a threorachadh gu lilidh Neo-chiontais fa'dhcoidh.

COMH-SHEANACHAS AIR CAIBDEAL II.

CEIST. Cionnas a bha c gu 'n robh Aighcar sàbhailt fad 's a dh-fhuirich c far an robh e cluich maille ri Neo-chiontas ?

FREAGAIRT. Do bhrìgh, mar a thuirt thu cheana, 'nuair a smuainticheas sinn air na compañaich agus na càirdean a dh-fhàg sinn, gu bheil ar cridheachan air an tarruinn ni 's dlùithidh air ar Slànuigh'ear.

C. Co b' e cunnart àraidh Aighir, cho luath 's a dh-fhag e 'n fhaiche sin ?

F. Bha e ro dhéigheil air àilghios.

C. Bha ; ciod air bith ar 'n iarrtas air a chrois a leant-uinn, ma tha ro dhéigh againn air àilghios agus toileachadh, bithidh sinn ullamh air dol am mearachd ; oir tha maith 'us olc cho miosgnaichte 'na chéile 's an t-saoghal so, 's mar seall sinn gu cùramach agus le airc, nach bi sinn comasach daonna air an eadar-dhealachadh. Cionnas a ta so air a nochdadh anns a chosamhlachd ?

F. Leis a bhad àluinn ròsaichcan, as 'n do spiol Aighear aon, 'na chabhaig, air nach do thuit a faileas.

C. Ciad e gath na eoi'speich ?

F. Lot agus cràdh a pheacaidh.

C. Ciad i athailt duilleige an ròis ?

F. An athailt a dh-fhag am peacadh.

C. 'Nuair a choinnich Aighear Reasgach, tha e air innse' dhuinn nach robh crois Reasgaich na laimh: ciod a th' air a chiallachadh leis a so ?

F. Cha robh e toirt oidheirp air gréim daingean a a dheanamh air 'aidmheil chriosdail.

C. An do chuir e, uime sin, cùl gu h-iomlan ri scirbheis Chriosd?

F. Cha do chuir, oir thuirt e gu 'n robh 'chrois fathast aige, ged nach d' rinn e feum dh'i.

C. 'Seadh, ma ta, b' e bhéachd gu faodadh e 'thoil fein a dheanamh ann a nthibh eutrom, na fuirgheadh e bho chionntaibh mora agus soilleir. Bha e cuir roimhe uisc dheanamh d' a chrois amhàin an tràs 's a risd, a' di-chuimhneachadh gu 'n do shònraigheadh i gu 'stiuradh gach mionaid fad 's a dh-fhuirgheadh e anns a ghàradh. Ciod a chrioch mhi-shona gus an tainig a mi-churam so cheana dha?

F. Chuir e da rìrcamh caochla peacadh an gniomh ged' nach tug esan fainear iad ach mar nithe ro cutrom, no thcagamh mar pheacainncan idir; oir bha sal agus spotan air gach cearb d' a aodach.

C. Ciod gus an tug a chomunn Aighear?

F. Chaill aodach san mar an e кудна ghilead ann an ùine ghoirid, oir thuit an da ghiullan comhladh ann an eabar.

C. Ciod a tha sinn a foghlum leis a so?

F. An cunnard a' th' ann an conaltradh na muinntreach-sin a ta labhairt gu faoin mu chrcideamh, agus nach 'eil ag aideachadh a bhi anns gach ni air an stiuradh leis a chrois.

C. Ciod a ta 'na dhéigh sin air a chiallachadh le Aighear

a bhi mi-thoilichte, chionn nach b' urrainn e dheanamh mar a rinn Reasgach?

F. Farmad ris an toilcachadh a tha 'n t-aingidh, a reir coltais, a seilbheachadh.

C. 'S e. Agus tha leithid so do dh-fhamrad, cha 'n e mhàin ro pheacach ann fein, ach tha e, mar an ceudna, ma thèid altrum, cinnteach air ar treorachadh gu co-pàirt-cachadh 'n an gniomharraibh mi-laghail. Cionnas a tha so air a nochdadli anns a chosamhlachd?

F. Leis an tòir an déigh an dearbadain-dé bhoidhich, anns an d' aontaichi Aighear maille ri Reasgach, gun a chomhairle chuir r' a chrois.

C. Cionnas a bha e gu 'n tug an tòir so na giullain moran ni b' fhaide na bha fiuthair aca?

F. Do brigh, an uair a thòisicheas sinn air toileachadh mi-laghail a leantuinn, nach urrainn duinn fios a bhi agaínn air an iomlan do 'n pheacadh, agus do 'n amhgar gus an tabhair e sinn.

C. An d-fhuair a chlann greim air an dearbadan-dé fa'dhcoidh?

F. Cha d-fhuair, thug tuisleadh Aighir orra 'leigeadh dhiubh.

C. C'arson a thug sin orra 'leagadh dhiubh?

F. Thug e air Aighear a chomhairle chuir r' a chrois, agus an sin chunnaic e gu 'n do thuit a faileas ann an caochla slighe.

C. Chunnaic e. Agus mar so gu tric, le tuisleadh obunn, tha Dia faicinn iomchuidh am peacach a chasgadh 'n a chùrsa dearmadach, agus a dhùsgadh gu mothachadh a chunnairt. Ciod a th' air a chiallaehadh leis a nathair a falach fo 'n phreas mhiortuir?

F. Bha Satan 'na laidhe a' feitheamh a ghabhail fàth air am peacadh.

C. Co b' e 'n céum cruaidh mi-shuilbhìr air 'n do thoisich a chlann air pilleadh air an ais?

F. Céum an aithreachais.

C. Agus 's iad na duilleagan agus na flùrain sheargta cuimhneachan air cothromaibh a chuireadh a' mi-shuim, agus beannachaibh a chailleadh, a tha daonnan sgaoilte air a chéum sin. Ciòd a ta air a chiallachadh le pilleadh gu lòn Neo-chiontais?

F. Thugadh Aighear gu smuainteachadh air na làithibh sona sin a chaith iad comhla' 'n an cloinn, agus beatha chiùin, agus bhos cionn gach uile ni, air bàs siochail agus naomh a cheud bhana-charaid.

C. Cionnas a dh-oibrich na smuaintean so air tùs air?

F. GhUIL e ni bu ro ghoirte na rinn e roimhe.

C. Rinn e sin, oir cha 'n 'cìl ni sam bith a bheir air deoir an aithreachais ruith ni 's dlùithidh, na dol air ar n-ais, ann a smuaintean, gu làithean sìth agus fior-ghloinne, agus breathnachadh air a mhùthadh a thug peacadh air ar staid, bho 'n a dh-fhàg iadsan a b' ionmhuinn leinn sinn. Ach an d' rinn Aighear e féin toilichte le déuraibh a mhàin?

F. Cha d' rinn idir; oir thug a bhròn e gu ùrnuigh dheanamh gu ro dhùrachdach r' a Athair.

C. Agus b' i chrioch gu 'n d-fhairich e, ann an uine ghoirid, a bhi sona, air dhà comharradh na croise 'lorgachadh air lilidh sheargta Neo-chiontais. Agus 's amhuil a ta e sgrìobhta, "Is beannuicte 'mhuinntir sin a ta ri bròn, oir gheibh iad comh-fhurtachd." Co as leth 'n do chuir Aighear a cho'-fhurtachd a dh-fhairich e nis, agus a sheachnadh air a chunnard?

F. Chuir e gach ni as leth na meanbh chroise 'thugadh comas dà 'ghiulan 'n a laimh.

Agus 's i erioch sin a chuir 'n ar cuimhne nach urrainn duinn ni sam bith a dhéanamh bh' uainn fein gu 'r comhnadh fein. 'S e gràs sonraichte Dhé a tha comharrachadh am mach do 'n pheacach mearachd a shlighe, agus a ta 'ga threòdrachadh air slighe 'n aithreachais, agus a dheonaicheas dha fa'dheoidh maitheanas agus sìth.

CINN-TEAGAISG BHO 'N SCRIOBTUR NAOMH
Mu 'n dara Caibdeal.

Leugh, Eccl. vii. 2, 3. Eabh. xii. 6. Gnath-Fhocal iv. 14. Gn-Fhoc. xvi. 25. Salm lxxiii. 2, 3. Gn-Fhoc. v. 19. Salm cxix. 67. Gn-Fhoc. iv. 25, 26, 27. 2 Cor. vii. 9, 10. Mata v. 4.



